

Sùil Sgiobalta			
Diciadain 26 Sultain		Diardaoin 27 Sultain	
Seisean 1 (Madainn)	Seisean 2 (Feasgar)	Seisean 3 (Madainn)	Seisean 4 (Feasgar)
Eadar-ìrean*	Seallaidhean	Eadar-ìrean*	Seallaidhean
Taic airson ionnsachadh	Measaidhean Coitcheann Nàiseanta*	Tràth-ionnsachadh	Taic do chlann le feumalachdan cànan is cainnt
A' cur stòiridhean gu feum	Leughadh Eadarrach	Bunaitean Litearrachd	A' cur stòiridhean gu feum
Àrainneachd, Cànan is Dualchas	Àrainneachd, Cànan is Dualchas	Dràma	Dràma
Google Apps	STEM	Google Apps	Robotics
Ceòl	Ceòl	Leughadh Eadarrach	
A' meudachadh ceannardas*			

*Co-bhùth-obrach còmhla ri luchd-teagaisg àrd-sgoile

1. Taic airson ionnsachadh sa Bhun-sgoil – taic chuimsichte

Sarah NicFhearghais

Eadar-mheadhanachdan eadar-dhealaichte gus taic a thoirt do chlann le sgilean leughaidh agus àireamhachd tràth, agus a' toirt taic gu buil. A' cleachdadh ghoireasan a tha ann gus feumalachdan luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a choinneachadh. A' trangadh agus a' sgrùdadh sgoilearan fa leth gus dèanamh cinnteach gu bheil adhartas ann.

2. Tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne deagh-ghnè ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Joan Esson agus Maeve NicFhionghain

Tha a' bhùth-obrach seo air a cur air dòigh gus leigeil le ceannardan agus luchd-obrach ro-innleachdail beachdachadh air dè th' ann am fìor dheagh Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne (ELC). Bheir Joan Esson, HMI comhairle air:

- a' cruthachadh reusanachadh, lèirsinn agus amasan gus atharrachadh a chur air adhart
- a' mion-sgrùdadh nan comharran càileachd a tha gan cleachdadh ann an sgrùdaidhean HMI gus fèin-luachadh nan suidheachaidhean a chuideachadh
- an sealladh nàiseanta air neartan agus prìomh raointean leasachaidh an dèidh sgrùdadh
- an sealladh nàiseanta air a bhith a' togail cleachdadh deagh-ghnè bho luachadh air deuchainnean air an leudachadh air uairean ELC an-asgaidh

Bheir Maeve NicFhionghain comhairle air:

- Slatan-tomhais Nàiseanta gan cleachdadh airson measadh, co-mheasadh agus profaidhleadh ann an ELC

3. Àrainneachd, Cànan is Dualchas – Sealladh nan Gàidheal air Nàdar

Ruairidh MacIlleathain

Bidh Ruairidh MacIlleathain a' toirt seachad blasad dhen chùrsa bhliadhnail aige anns am bithear a' faighinn eòlas air nàdar agus an àrainneachd tro shùilean nan Gàidheal. Ciamar as urrainn do thidsear a bhith a' taisbeanadh ar n-àrainneachd agus ar dualchais do chloinn aig an aon àm?

4. A' cleachdadh apps Google ann an teagasg

John Joe MacNèill

5. Bunaitean Litearrachd: Cluich, Sgeulachdan agus Òrain

Sue Palmer agus Ceitidh Wight

Mar a thuirt James Britton, 'Bidh leughadh agus sgrìobhadh a' fleòdradh air cuan labhairt'. Feumaidh clann Bheurla ann an sgoiltean Gàidhlig practas gu leòr fhaighinn a' bruidhinn an dàrna cànan mus tòisich iad a' leughadh agus a' sgrìobhadh, agus 's e cluich an dòigh as fheàrr air cànan labhairte a thoirt air adhart. Tha dà sheòrsa de chànan labhairte ann a tha gu sònraichte cudromach ann a bhith ag ionnsachadh litearrachd, agus tha iad tarraingeach do chlann ach uaireannan thèid an cur an dara taobh leis gum feumar fonaigs agus làmh-sgrìobhadh a theagasg. 'S iad na bunaitean air an do thog homo sapiens comas ann an litearrachd sa chiad àite: sgeulachdan agus òrain.

Sa bhùth-obrach seo bheir Sue Palmer (eòlaiche litearrachd) cunntas air a' bhunait acadaimigich airson prìomhachas a thoirt do chluich, sgeulachdan agus òrain sna tràth-bhliadhnachan, agus innsidh Katie Wight (àrd-thidsear/neach-stiùiridh Tràth Bhliadhnachan, Bun-sgoil Taobh na Pàirce, Dùn Èideann) mar a tha an sgoil aicse a' toirt a-steach feallsanachd teagaisg stèidhte air cluich ann am P1/2, le cuideam air sgeulachdan agus òrain.

6. Ceòl

Dolina Rothach

Faodar geamannan seinn agus rannan a chleachdadh gus sunnd nan sgoilearan atharrachadh, deasbad agus cruthachalachd a bhrosnachadh, agus eadar-obrachadh sgoilearan fa leth agus bhuidhnean a chur air adhart.

'S e amas na bùth-obrach seo tidsearan a bhrosnachadh gus ceòl a thoirt a-steach do dhiofar phàirtean den latha. Gabhaidh na h-òrain agus na geamannan seo a chleachdadh gus clas a thòiseachadh agus a chrìochnachadh, mar phàirt de leasan P.E., gus eòlas a chur air briathrachas ùr, gus bun-bheachdan ciùil a theagasg, agus gus sgoilearan a mhisneachadh anns gach raon de sgilean ciùil.

Òrain agus rannan a tha freagarrach do aois 4-10.

7. Seallaidhean: Cuingalachadh no Cothrom?

Iain MacRath

Ciamar a bheir thu air obair-dachaigh obrachadh dhut an àite obair a thoirt dhut?

Ciamar a nì thu i na pàirt brìghmhor de ionnsachadh an àite a bhith na rud a bharrachd a tha tidsearan, sgoilearan agus pàrantan a' faicinn mar uallach?

Ciamar a bhrosnaicheas tu teaghlaichean gus ionnsachadh an leanaibh a chuideachadh aig an taigh?

Ciamar a bheir thu seachad ionnsachadh stèidhte air sgilean gun phàirtean deatamach den churraicealam a chall?

'S iad na dùbhlain a bha ro dà sgoil bheag dhùthchail agus dh'fheuch iad dòighean ùra gus dèiligeadh riutha. Sa bhùth-obrach cluinnidh tu mar a chaidh 'Ionnsachadh aig an Taigh' agus 'Lathaichean Sgilean' a dhealbhadh agus a chumail, agus chì thu mar as urrainn smaoinichadh cruthachail agus gabhail riosg buaidh dheimhinneach a thoirt air sgoilearan, tidsearan agus teaghlaichean.

8. Leughadh Eadarrach

Jennifer Kearns agus Anna Mhoireasdan

Bidh an seisean seo ag innse mu 'Leughadh Eadarrach' agus mar a chleachdar e anns an t-seòmar-theagaisg. 'S e dòigh leughaidh a bhios freagarrach dha sgoilearan sa chiad is an dàrna ìre a th' ann. Anns a' chiad dol a-mach, gheibh sibh fiosrachadh mu dheidhinn Leughadh Eadarrach, an rannsachadh, goireasan agus dè mar a ghabhas iad an cleachdadh leis a' chloinn sna clasaichean Gàidhlig. Gheibh sibh cothrom pàirt a gabhail ann an leasan Leughadh Eadarrach gus am faic sibh mar a dh'obraicheas e is le diofar sheòrsa leabhraichean.

9. STEM

Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

A' stèidheachadh STEM tro churraicealam ionnsachaidh eadar-chuspaireil agus a' leudachadh eòlas agus sgilean nan sgoilearan a thaobh STEM.

10. Dràma

Catriona Leacsaidh Chaimbeul

Anns a' bhùth-obrach seo, bidh sinn a' coimhead ri dòighean eadar-dhealaichte a bhith a' cleachdadh dràma sa chlas gus sgilean cànanain agus sgilean cruthachail a leasachadh. A' cleachdadh gheamannan

tèatair eadar-dhealaichte, gabhaidh cuspair sam bith a thoirt beò tro dhràma, a' toirt cothrom don chloinn an cuid Gàidhlig a chleachdadh ann an dòighean ùra, annasach.

11. A' cur stòiridhean gu feum gus cànan 's tuigse sa Ghàidhlig a thoirt air adhart

Josie NicLeòid

Rannsaichidh a' bhùth-obrach seo diofar dhòighean anns an urrainn clann aig tràth-ìre agus a' chiad ìre sgilean cànan agus tuigse a leasachadh tro àm-stòiridh gnìomhach. Tron t-seisean thèid ro-innleachdan gus aire na cloinne a tharraing agus a chumail a cho-roinn, cuide ri beachdan gnìomhach eile gus an t-àm-stòiridh a dhèanamh na àm math.

12. Taic do chlann le feumalachdan cànan is cainnt ann am foghlam tron Ghàidhlig

Morna Butcher agus Chris Mitchell

Cothrom beachdachadh air dòighean taic a chumail ri sgoilearan aig a bheil feumalachdan a thaobh cànan agus cainnt. Comhairle mu cuin agus ciamar a bu chòir taic fhaighinn o leasaiche cànan is cainnt, agus fiosrachadh mu phròiseact rannsachaidh a bha a' coimhead ri dòighean measadh a dhèanamh ann an Gàidhlig airson duilgheadasan le cànan.

13. Robotaigs

Catriona Gilchrist

Tha fèill air Siostam Robotaigs VEX IQ, siostam coimpiutaireachd/robotaigs a tha air a bhith ann an cuid de sgoiltean airson bliadhna no dhà. Tha sgoiltean a-nis a' gabhail pàirt ann am farpaisean roinneil agus nàiseanta. Tha e freagarrach do P5–AS3 agus a' cleachdadh ionnsachadh mu robotaigs gus prìomh phrionnsapalan dealbhadh, teicneòlais agus einnseanaireachd a thoirt a-steach, le planaichean leasain a chuidicheas sgoilearan gus builean aig an dàrna ìre a choileanadh ann an Saidheansan, Teicneòlasan agus Àireamhachd agus Matamataig.

Coimheadaidh a' bhùth-obrach air mar a ghabhas na pasgain a chleachdadh sa chlas. (Tha iad iomlan annta fhèin agus tha grunn Ùghdarrasan Ionadail air an solarachadh). Chaidh stuthan a chur gu Gàidhlig agus tha liosta fharsaing de Bhriathrachas Gàidhlig ri fhaotainn cuideachd.

Co-bhùthan-obrach - Bun-sgoil & Àrd-sgoil

1. Eadar-ìrean

Cathy Mary Nic a' Mhaoilein

Bidh Cathy Mary Nic a' Mhaoilein a' toirt seachad fiosrachadh mu phròiseact eadar-ìreil a rinn i am-bliadhna le tidsearan GME ann an Leòdhas. Bidh cothrom aig an fheadhainn sa bhùth-obrach a bhith ag obair le tidsearan eile ann am buidheann, gus taghadh agus planadh a dhèanamh air cuspair a bhiodh freagarrach dha na sgoilearan aca fhèin ann am pròiseact eadar-ìreil.

2. A' meudachadh ceannardas

Joan Esson agus Daibhidh Burgess - Foghlam Alba

Shònraich am foillseachd sgrùdaidh 'Càileachd agus leasachadh ann am foghlam an Alba 2012-2016' gu bheil luchd-obrach ann am Foghlam Gàidhlig a' gabhail gu math ri ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (CLPL) a tha ag amas air ceannardas ann am FMG. 'S iad na tidsearan ann am Foghlam Gàidhlig as cudromaiche a thaobh mar a shoirbhicheas le Gàidhlig anns a' churraicealam. Bheir a' bhùth-obrach seo cothrom dhut faighinn a-mach mar as urrainn prògraman agus gnìomhan SCEL cuideachadh le:

- luchd-obrach nan ceannardan a' sìor thoirt buaidh dheimhinneach air Gàidhlig sna h-ionadan aca
- luchd-obrach a' leasachadh an sgilean agus an teisteanasan 's iad nan ceannardan meadhan-ìre agus àrd-ìre

3. Measaidhean Coitcheann Nàiseanta

Dòmhnall A MacLeòid agus Maeve NicFhionghain

Chaidh measaidhean air-loidhne a leasachadh a chuidicheas gus adhartas sgoilearan ann an litearrachd agus àireamhachd aithneachadh. Cuiridh na toraidhean fiosrachail taic ri breithneachadh proifeiseanta

nan tidsearan. Nì a' chlann agus na daoine òga gu lèir ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (P1, P4, P7 agus AS3) MCNG air litearrachd agus àireamhachd tron Ghàidhlig.

Sa bhùth-obrach seo gheibh com-pàirtichean geur-bheachd air na MCNG; an reusanachadh air cùl nam measaidhean; am pròiseas leis an deach na ceistean airson nam measaidhean a leasachadh; agus tuigse air na toraidhean fiosrachail a bheir an siostam, agus mar as urrainn seo cur ris a' mheasadh nas fharsainge air clann agus daoine òga.

Thèid a' bhùth-obrach a stiùireadh le Dòmhnall A. MacLeòid, Manaidsear For-ruigheachd, MCNG, Riaghaltas na h-Alba agus Maeve NicFhionghain, Àrd-oifigear Foghlaim, Foghlam Alba.